

Bòrd na Gàidhlig

A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Dimàirt 05/09/2023 09.30 – 12.30

Tro Teams

GEÀRR-CHUNNTAS

SEISEAN FOSGAILTE

1.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

1.1 Buill Comataidh an Làthair:

Nicola NicThòmais (Cathraiche) [NNT]

Màiri NicAonghais [MTNA]

Dòmhnall MacAoidh [DMA]

Coinneach MacIomhair [CMI]

1.2 A' frithealadh:

Shona NicIlinnein, Ceannard [SNI]

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh [IMM]

Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim [JMH]

Christie NicIleathain, Manaidsear Planaidh [CNI] – *Puing 4*Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan [SK] – *Puing 2*Niall Woodrow, Ionad Chaluim Chille Ìle [NW] – *Puing 7*Catherine NicIain, Ionad Chaluim Chille Ìle [CNI] – *Puing 7*Graham Hogg, Lateral North [GH] – *Puing 7*

Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' Gheàrr-chunntais [OND]

Leisgeulan:

Cha robh gin ann.

1.3 Fàilte is Leisgeulan

Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine don choinneimh.

A' nochdadh Chom-pàirtean

NNT – NHS na Gàidhealtachd

GISBE

Cha robh gin ann.

2.0 IONMHAS

2.1 Aithisg Ionmhais gu 31/07/2023

Dh'iarr Buill barrachd soilleireachaidh air carson a bha fo-chosgais ann, dhearbhadh NP gur e cùis timeachaidh a bha seo. Chaidh figearan às ùr a thoirt seachad airson deireadh an Lùnastail agus dhearbhadh iad gun robh an fo-chosgais aig 2%.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don Aithisg Ionmhais.

2.2 Tabhartasan eadar £50,001 agus £100,000

Dh'iarr Buill tuilleadh fianais air carson a bhiodh e iomchaidh an taic-airgid seo a thabhairt don bhuidhinn. Thug SK fios mu na h-aithisgean deireannach a thàinig do Bhòrd na Gàidhlig às dèidh an dà Sheachdain na Gàidhlig mu dheireadh agus gun robh iad a' sealltainn adhartas math. Dh'innis e do bhuill gun robh e cofhurtail gun robh e comasach don bhuidhinn tachartas soirbheachail a chumail a-rithist. Thugadh tuilleadh fios air na h-adhbharan a bha e iomchaidh barrachd taic a thoirt dhaibh airson 2024.

Dh'fhaighnich Buill gu dè an ìre is gu bheil an tachartas a' buintinn ri diofar sgìrean is choimhearsnachdan. Dh'innis SK gun robh iad air tachartasan a chur air dòigh le 23 ùghdarrasan ionadail ann an 2023 agus tòrr a' dol air loidhne cuideachd is gun robh amas aca leudachadh air seo ann an 2024.

Dh'fhaighnich Buill an robh fianais ri fhaicinn bhon sgeama thabhartasan beaga a bhios Seachdain na Gàidhlig a thabhairt. Mhìnich SK gu bheil ròl aig oifigearan Bòrd na

Policy & Resources Committee

Tuesday 05/09/2023 09.30 – 12.30

Via Teams

MINUTE

OPEN SESSION

OPENING ITEMS

Committee Members Present:

Nicola Thomson (Chair) [NT]

Màiri MacInnes [MTMI]

Donald MacKay [DMK]

Kenneth MacIver [KMI]

In Attendance:

Shona MacLennan, Ceannard [SML]

Iain MacMillan, Director of Development [IMM]

Jennifer McHarrie, Director of Education [JMH]

Christie MacLean, Plans Manager [CML] – *Point 4*Steven Kellow, Funding & Projects Officer [SK] – *Point 2*Niall Woodrow, Ionad Chaluim Chille Ìle [NW] – *Point 7*Catherine Johnston, Ionad Chaluim Chille Ìle [CNI] – *Point 7*Graham Hogg, Lateral North [GH] – *Point 7*

Orla MacDonald, Recording the Minutes [OMD]

Apologies:

There were none.

Welcome & Apologies

The Chair welcomed everyone to the meeting.

Declarations of Interest

NT – NHS Highland

AOCB

There were none.

FINANCE

Finance Statement to 31/07/2023

Members asked for further clarification why there was an underspend, NP confirmed that this was a timing issue. Updated figures were provided for the end of August and confirmed that the underspend was at 2%.

Decision:

Members noted the Finance Report.

Grant applications between £50,001 and £100,000

Members asked for further evidence as to why it would be appropriate to offer this financial support to the organisation. SK told them about the final reports that came to Bòrd na Gàidhlig after the last two Seachdain na Gàidhlig events and that they showed good progress. He told Members that he was confident that the group could hold a successful event again. More information was provided on the reasons why it was appropriate to give them more support for 2024.

Members asked to what extent the event relates to different areas and communities. SK told them that they had organised events with 23 local authorities in 2023 and had several online projects as well and that they aimed to expand this in 2024.

Members asked if there was evidence to be shared from the small grants scheme offered by Seachdain na Gàidhlig. SK explained that Bòrd na Gàidhlig officers have a role in

Gàidhlig a bhith an lùib a' phròiseis agus gur e deagh chleachdadh a th' ann dèanamh cinnteach gu bheil na h-iarrtasan a' freagairt air iomadh sgìre.

Dh'fhaighnich Buill a bheil buidhnean/daoine ùra air am brosnachadh iarrtasan a chur a-staigh don leithid. Thug SK fios air rudan a tha air tachairt gus am pròiseas fhosgladh do dhaoine ùra, mar eisimpleir bùithtean-obrach a chumail airson taic a thoirt le sgrìobhadh iarrtasan taic-airgid.

Thug an Ceannard fios gun robh Seachdain na Gàidhlig a' ruith iomairt air na meadhanan sòisealta, a thaisbeanadh deagh chleachdadh is eisimpleirean airson daoine a bhrosnachadh gus cuir a-steach airson taic-airgid.

Mhol an Cathraiche gum bu chòir cuireadh a thoirt don bhuidhinn gus taisbeanadh a thoirt don Chomataidh.

Gnìomh:

Seachdain na Gàidhlig ri cuireadh fhaighinn bruidhinn ris a' Chomataidh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an iarrtas taic-airgid.

2.3 Aithris labhairteach air Lionra Oifigearan Coimhearsnachd Gàidhlig

Thug IMM fios gun deach sgrùdadh a dhèanamh air an lionra oifigearan le D C Research agus gu bheil air a bhith ag obair gus na molaidhean a thoirt air adhart. Thugadh fios mun dàimh eadar Bòrd na Gàidhlig is an lionra agus mar a bha e air leasachadh airson an taic as fheàrr a thoirt dhaibh. Thugadh fios gun robh iad toilichte leis an adhartas agus gum biodh e comasach an lionra ùr a thòiseachadh sna mìosan ri thighinn. Dh'innis IMM mu chothroman airson leasachadh agus gun robh Bòrd na Gàidhlig air a bhith ag obair gus seo a thoirt air adhart.

Dh'fhaighnich Buill am biodh sgaradh ann eadar oifigearan leasachaidh is oifigearan planaich, agus fhreagair IMM nach deach aontachadh air ciamar a thèid a libhrigeadh fhathast ach gun tèid a dhèanamh ann an dòigh a bheir taic don a h-uile neach gu h-ìomchaidh.

Chaidh còmhradh a chumail mu na diofar ìrean de mhaoineachaidh a tha buidhnean a' faighinn agus thug IMM fios do Bhuill air ciamar a tha seo ag obair. Thugadh fios gum biodh planaichean Gàidhlig coimhearsnachd a' toirt taic do bharrachd dhaoine gus cur a-staigh airson maoineachadh.

Dhearbh IMM gun robhar an dùil gun tèid coinneamhan lionra oifigearan a chumail air-loidhne agus aghaidh ri aghaidh. Chaidh bruidhinn air na bacaidhean co-cheangailte ri bhith a' coinneachadh aghaidh ri aghaidh.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithris labhairteach.

3.0 PLANA GNÌOMH

3.1 Adhartas air Prìomh Chomharran Coileanaidh

Thug IMM fios do Bhuill, ged nach deach am Plana Nàiseanta no Plana Corporra aontachadh fhathast, gun robh adhartas air a bhith ann. Thugadh fios gum biodh atharrachadh ann nuair a thig na Planaichean ùr ach gum biodh gu leòr dhen obair a' dol air adhart san aon dòigh.

the process and that it is good practice to ensure that the applications will answer the needs of a range of areas.

Members asked if new groups/individuals are encouraged to submit such requests. SK provided information about developments that have been done to open up the process to new people, for example holding workshops to support with writing grant applications.

The Ceannard told Members that Seachdain na Gàidhlig was running a campaign on social media, to show good practice and examples to encourage people to apply for grants.

The Chair suggested that they should be invited to give a presentation to the Committee.

Action:

Seachdain na Gàidhlig to be invited to address the Committee.

Decision:

Members approved the grant application.

Verbal report on the Gaelic Community Officers Network

IMM told Members that D C Research had undertaken a study on the officers network and work had been ongoing to take forward the recommendations. Information was provided about the relationship between Bòrd na Gàidhlig and the network and how it had developed to give them the best support. It was reported that officers were content with the progress and that it would be possible to start the new network in the coming months. IMM told Members about opportunities for improvement and that Bòrd na Gàidhlig had been working to take these forward.

Members asked if there would be a separation between development officers and plan officers, and IMM replied that it had not yet been agreed on how this would be delivered but that it would be done in a way that supported everyone.

A discussion was held about the different levels of funding that organisations receive and IMM told Members how this works. He explained that community Gaelic Language Plans would support more people in applying for funding.

IMM confirmed that officers' network meetings are expected to be held online and face to face. The barriers associated with meeting face to face were discussed.

Decision:

Members noted the verbal report.

OPERATIONAL PLAN

KPIs Progress

IMM told Members that although the National Plan and Corporate Plan had not yet been approved, progress had been made. He explained that there would be changes when the new Plans were introduced but that much of the work would continue in the same way.

Dh'fhaighnich Buill an robhar an dùil gum biodh gu leòr maoineachadh ann airson na h-obrach a bhathar an dùil a dhèanamh. Fhreachair IMM nach robh agus gum biodh e cudromach dèanamh cinnteach gun robh luach an airgid as fheàrr ri fhaighinn a-mach às an obair a nì Bòrd na Gàidhlig.

Dh'iarra Buill gun tèid atharraichean a chomharrachadh agus thug IMM fiosrachadh thuca air na h-atharraichean san dreachd seo.

Dh'fhaighnich Buill an deach an Ro-innleachd Luchd-ùidh don Bhòrd-stiùiridh no Comataidh agus fhreachair IMM nach deach fhathast agus gun tèid seo a thoirt air adhart nuair a thòisicheas an Ceannard ùr.

Gnìomh:

IMM ri coimhead ri aithisg nas fharsaing a chur air dòigh, a' toirt a-staigh buidseat agus adhartas air PCCan.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don phàipear.

4.0 CLEACHDADH

Planaichean Gàidhlig

4.1 PGR071 E01 Coilltearachd na h-Alba

Thug CNI fios do Bhuill gur e seo a' chiad eagraan de Phlana Gàidhlig Coilltearachd na h-Alba. Thugadh cùl-fhiosrachadh air a' bhuidhinn agus fios mun obair a rinnear airson Gàidhlig a thoirt a-staigh mar-thà. Chaidh measadh a dhèanamh air a' Phlana le Bòrd na Gàidhlig agus dh'aontaich a' bhuidheann ris a' mhòr-chuid de mholaidhean. Airson a' chòrr, chaidh aontachadh ri rèiteachadh a bha iomchaidh don dà bhuidhinn.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Ghàidhlig.

5.0 PLANA OBRACH NA COMATAIDH

5.1 Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Obrach.

4.0 CLEACHDADH

Planaichean Gàidhlig

4.2 PGR046 E03 NHS na Gàidhealtachd

Dh'fhàg NNT na coinneimh aig 10.12

Thug CNI fios do Bhuill gur e seo an treasamh eagraan de Phlana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd. Chaidh measadh a dhèanamh air a' Phlana le Bòrd na Gàidhlig agus dh'aontaich a' bhuidheann ris gach moladh. Thugadh fios air an adhartas a rinnear, agus air duilgheadasan a bh'aca san dàrna eagraan.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Gàidhlig.

Thill NNT don choinneimh aig 10.16

6.0 GNOTHACH IOMCHaidh SAM BITH EILE

Ceann-là na h-ath choinneimh: 07/11/2023

7.0 TAISBEANADH

Ionad Chaluim Cille Ìle (ICCI)

Thug Niall Woodrow, Manaidsear Ionad Chaluim Chille Ìle, cùl-fhiosrachadh mun bhuidhinn do Bhuill na Comataidh. Thugadh fios mu amas na buidhne, cò iad, càite bheil iad stèidhichte agus fiosrachadh mu na prìomhachasan aca. Thugadh fios mun obair a thathar a' dèanamh le sgoiltean

Members asked if it was expected that there would be sufficient funding for work planned. IMM replied that there was not and that it would be important to ensure that the best value for money was obtained from the work carried out by Bòrd na Gàidhlig.

Members requested that changes be identified and IMM provided them with information on the changes in the current version.

Members asked if the Stakeholder Strategy went to the Board or Committee and IMM replied that it had not yet and that this would be taken forward when the new Ceannard started.

Action:

IMM to look into preparing a more comprehensive report, including budget and progress on KPIs.

Decision:

Members noted the document.

USAGE

Gaelic Language Plans

PGR071 E01 Scottish Forestry

CML told Members that this was the first edition of Scottish Forestry's Gaelic Language Plan. Background information on the organisation and information on how they have incorporated Gaelic into their work already was provided. The Plan was assessed by Bòrd na Gàidhlig and the organisation agreed with the majority of the recommendations. For the remainder, solutions appropriate to both organisations was agreed.

Decision:

Members approved the Gaelic Language Plan.

COMMITTEE WORK PLAN

Policy & Resources Committee Work Plan

Decision:

Members approved the Work Plan.

USAGE

Gaelic Language Plans

PGR046 E03 NHS Highland

NT left the meeting at 10.12

CML told Members that this was the third edition of the NHS Highland's Gaelic Language Plan. The Plan was assessed by Bòrd na Gàidhlig and the organisation agreed with all recommendations. Information was provided on the progress made, and issues encountered in the second edition.

Decision:

Members approved the Gaelic Language Plan.

NT returned to the meeting at 10.16

ANY OTHER BUSINESS

Date for the next meeting: 07/11/2023

PRESENTATION

Islay Gaelic Centre (ICCI)

Niall Woodrow, Manager of the Islay Gaelic Centre provided background information on the organisation to Committee Members. Information was given about the aim of the organisation, who they are, where they are based and information about their priorities. Information was

agus leis a' choimhearsnachd air fad gus clasaichean Ghàidhlig a thabhainn dhaibh.

Thugadh fios mu phròiseactan sònraichte aig an Ionad, nam measg: a bhith a' cruthachadh cùrsa airson luchd-tòiseachadh gus Gàidhlig Ìle ionnsachadh; a' cur a-steach airson clàradh SQA agus a' cruthachadh tasglann eachdraidh Ìle tro mheadhain na Gàidhlig tro Fhiorachd Leasaichte (AR).

Dh'ainmich Niall Woodrow dìth luchd-obrach, trioblaidean le fastadh luchd-obrach agus dìth taigheadas san eilean mar dhuilgheadasan mòra don Ionad.

Dh'ainmich e cuideachd taic na coimhearsnachd ionadail, nàdar ioma-chleachdadh an ionaid agus am pròiseact AR aca mar chothroman mòra don Ionad.

Thug Graham Hogg, a bhios a' toirt comhairle dhidsiteach don ionad tron chompanaidh aige, Lateral North, fios don Chomataidh mun pròiseact air a bheil e ag obair leatha. Dh'aithris e gu bheil e a' toirt taic dhaibh gus cuid de dh'àiteachan taobh a-staigh an togalaich aca a leasachadh gus gabhail ri teicneòlas AR. 'S e amas a' phròiseict gun urrainn do luchd-tadhal an ionaid a bhith air am bogadh ann an cultar Ìle agus sa Ghàidhlig mar phàirt de seo. Thathas ag amas gum bi a chiad phàirt den pròiseact fosgailte san Dàmhair 2023.

Dh'iarr Buill fios mu na diofar ìrean de na planaichean aca agus thug Graham Hogg seachad tuilleadh fiosrachadh.

Dh'fhaighnich Buill ciamar a tha an t-Ionad a' faighinn nan oileanach aca agus thug Niall Woodrow fios gu bheil e ag obair le diofar ùghdarrasan ionadail agus gun do thòisich na dàimhean seo tro dhiofar chomhairlean a' tighinn thuca a' sireadh taic le clasaichean Gàidhlig.

Thuir Buill nach robh fios mu chlasaichean Gàidhlig air làrach-lìn an Ionaid is mhinich Niall Woodrow ciamar a tha iad a' sanasachadh nan clasaichean aca. Chaidh moladh gum biodh e feumail nan robh am fios seo ri fhaighinn air an làrach-lìn aca.

Dh'fhaighnich Buill cò às a bhios maoinachadh an Ionaid a' tighinn a bharrachd air Bòrd na Gàidhlig. Thug Niall Woodrow fios gu bheil e cuideachd a' faighinn maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba agus teachd a-steach bho chlasaichean Gàidhlig agus seòmraichean air mhàl.

Dh'fhaighnich Buill an robh ro-innleachd aca agus thugadh fios gun robh iad ag obair air plana ùr airson an ath chòig bhliadhna, agus gum bi seo a rèir maoinachadh.

Chaidh moladh gum bu chòir don Ionad a bhith a' beachdachadh air obarachadh le e-Sgoil.

Thug an Cathraiche taing do Niall Woodrow agus Graham Hogg airson an taisbeanadh aca.

provided on their work with schools and the wider community to offer them Gaelic classes.

He told Members about special projects at the Centre, including development of a course for beginners to learn Islay Gaelic; applying for SQA registration and the creation of an archive of Islay history through the medium of Gaelic using Augmented Reality (AR).

Niall Woodrow cited lack of staff, problems with hiring and the lack of housing on the island as major problems for the Centre.

He also cited the support of the local community, the multi-use nature of the centre and their AR project as great opportunities for the Centre.

Graham Hogg, who provides digital advice to the centre through his company, Lateral North, informed the Committee about the project he is working on with them. He explained that he is assisting ICCI with plans to develop certain areas within their building to accommodate AR technology. The aim of the project is that visitors to the centre can be immersed in the culture of Islay and Gaelic as part of this. The first part of the project is expected to open in October 2023.

Members asked for information on the various stages of their plans and Graham Hogg provided this.

Members asked how the Centre finds students and Niall Woodrow told them that they work with various local authorities and that these relationships started through them being approached for support with Gaelic classes.

Members pointed out that there was no information about Gaelic classes on the ICCI website and Niall Woodrow explained how they advertise their classes. It was noted that it would be useful for this information to be made available on their website.

Members asked where the Centre's funding comes from other than Bòrd na Gàidhlig. Niall Woodrow told them that funding is also received from the Scottish Government and that they have income from Gaelic classes and rented rooms.

Members asked if they worked to a strategy and it was explained that ICCI were working on a new plan for the next five years, and that this will be dependent on funding.

It was suggested that the Centre could look at working with e-Sgoil.

The Chair thanked Neil Woodrow and Graham Hogg for their presentation.

SEISEAN DÙINTE

Ceann-là na h-ath choinneimh: 07/11/2023
Dùnadh na coinneimh
Lèirmheas den choinneimh às dèidh làimh

CLOSED SESSION

Date for the next meeting: 07/11/2023
Close of meeting
Post-meeting Review of meeting

Ceann-là na coinneimh	05/09/2023
Dearbhte le Sgioba-stiùiridh	22/09/2023
Air adhart gu Cathraiche na Comataidh airson dearbhadh/atharrachadh	22/09/2023
Dearbhte le Cathraiche na Comataidh	25/09/2023
Air falbh airson dearbhadh/eadar theangachadh	10/10/2023
Dearbhte le Buill an CPG	06/10/2023
Dearbhadh air atharraichean a bharrachd le ET	17/10/2023
Dearbhadh air co-ionannachd eadar a' Ghàidhlig is a' Bheurla san dreach dheireannach	17/10/2023